

Oir theirinn, 's thogainn fianuis air,
 Thaobh Iosa, fear mo ghraidh,
 Gur ceannard caomh is fialaidh e,
 'S gu'n d' fhuair mi riabh e tlath :
 Gu bheil e truacant trocaireach,
 Is pailt gu leoir 'na ghras ;
 'S a mheuds' a chuireas dochus ann,
 Gu'm bi iad beo gu brath.

Tha comain chuir an Tighearn orm,
 Is dh'iarraicinn chuir an' ceill,
 Gu'n d' fholaich e gu miorbhuileach,
 Mo lochda diomhair fein :
 Gu'n d' cheaduich e, na fhabhar dhomh,
 Air 'ghras bhi deanamh sgeul—
 Mo lochda 'chuir 'na lathair san,
 'S do chach bhi 'g airmheil fein,

Thaobh 'fhreasdail anns an t-saoghal dhomh,
 Bu chaomh e, 's cha bu shearbh ;
 Oir fhuair mi biadh is aodach ann
 Mar d' fhuair mi maoin is ainm ;
 Ach chum e suas air dochus mi,
 'S cha b'ann air stòras seilbh ;
 'S na'm b'e a thoil, na throcair e,
 Nis dheonuichinn bhi falbh.

Tha sluagh mo ghaoil 's mo bhraithreachas,
 —Na braithrean caomh is treun—
 A shiubhail troimh an fhasach leam,
 Air m' fhagail nis gu leir.